

## MEASADH BUaidH AIR COIMHEARSNACHDAN EILEANACH (MBCE)

Ainm Poileasaidh, Ro-innleachd no Seirbheis	Dàrna Ath-sgrùdadh air Crìochan Pàrlamaid na h-Alba
---	---

### CEUM A H-AON – A’ TUIGSINN GU SOILLEIR UR N-AMASAN

<ul style="list-style-type: none"> <li>Dè na h-amasan a th’ aig a’ phoileasaidh, an ro-innleachd no an t-seirbheis?</li> <li>Dè na buaidhean / na toraidhean a tha san amharc, agus ciamar a dh’fhaodadh iad a bhith eadar-dhealaichte thar nan eilean?</li> </ul>	<p>Tha Pàipear-taice 1 de dh’Achd na h-Alba 1998 ag iarraidh air Crìochan na h-Alba ath-sgrùdaidhean a dhèanamh gach 8mh gu 12na bliadhna air crìochan Pàrlamaid na h-Alba airson roinnean-pàrlamaid agus sgìrean-pàrlamaid. Feumaidh gach ath-sgrùdadh cumail ri riaghailtean a th’ air am mìneachadh ann an Achd na h-Alba 1998.</p> <p>’S e adhbhar an ath-sgrùdaidh seo gun tèid molaidhean a dhèanamh a thaobh crìochan Pàrlamaid na h-Alba agus ainmean nan roinnean-pàrlamaid agus nan sgìrean-pàrlamaid. Thèid an t-ath-sgrùdadh seo a dhèanamh a rèir riaghailtean a th’ air am mìneachadh ann an reachdas.</p>
--	--

### CEUM A DHÀ – A’ CRUINNEACHADH DÀTA AGUS AG AINMEACHADH LUCHD-ÙIDHE

<ul style="list-style-type: none"> <li>Dè an dàta a tha ri fhaotainn air an t-suidheachadh anns na h-eileanan an-dràsta?</li> <li>Cò am prìomh Luchd-ùidhe agaibh?</li> <li>Ciamar a tha dàta a th’ ann mar-thà eadar-dhealaichte eadar eileanan?</li> <li>A bheil feartan dealbhaidh no lasachaidhean ann mar-thà?</li> </ul>	<p>Tha 73 roinnean-pàrlamaid na h-Alba ann, ’s trì dhiubh fo dhìon reachdail (Na h-Eileanan an Iar, Eileanan Arcaibh agus Eileanan Shealtainn) agus mar sin chan eil iad fo ùmhachd ath-sgrùdaidh. Tha 8 sgìrean-pàrlamaid na h-Alba ann, ’s iad uile fo ùmhachd ath-sgrùdaidh. Tha eileanan anns a bheil daoine a’ fuireach rin lorg ann an dà dhe na sgìrean a th’ ann an-dràsta (A’ Ghàidhealtachd agus na h-Eileanan; agus Alba an Iar).</p> <p>’S e Earra-Ghàidheal agus Bòd (Molaidhean Deireannach: gun atharrachadh), Coineagan a Tuath (Molaidhean Deireannach: gun atharrachadh) agus An t-Eilean Sgitheanach, Loch Abar agus Bàideanach (atharrachaidhean fìor bheag air crìochan, gun bhuaidh air eilean sam bith, anns na Molaidhean Deireannach) na roinnean-</p>
--	---

pàrlamaid air an tèid ath-sgrùdadh a dhèanamh agus far a bheil eileanan rin lorg anns a bheil daoine a' fuireach.

Nì Crìochan na h-Alba an t-ath-sgrùdadh air crìochan Pàrlamaid na h-Alba a rèir nan riaghailtean a th' air am mìneachadh ann an reachdas. Feumaidh an t-ath-sgrùdadh air na 70 roinnean-pàrlamaid cumail ri seata de riatanasan a dh'fheumas a bhith cunbhalach air feadh na h-Alba, cho fhad 's a tha seo comasach. Tha ath-sgrùdadh Crìochan na h-Alba air sgìrean cuideachd fo ùmhlachd riaghailtean a th' air am mìneachadh san reachdas.

'S e aon dhe na riaghailtean a dh'fheumas Crìochan na h-Alba a leantainn gun cruthaich iad roinnean-pàrlamaid agus sgìrean anns a bheil an aon àireamh de luchd-taghaidh san fharsaingeachd (Riaghailt 2). San ath-sgrùdadh seo, bidh an luchd-taghaidh air a dhèanamh suas dhen fheadhainn air clàr luchd-taghaidh nan riaghaltasan ionadail a bha (mar chlàr) ann an gnìomh aig toiseach an ath-sgrùdaidh. Thòisich an t-ath-sgrùdadh air a' chiad latha dhen t-Sultain 2022 agus chaidh dàta-taghaidh an latha sin a chleachdadh agus tha e air fhoillseachadh air làrach-lìn Crìochan na h-Alba. 'S e an dàta-taghaidh seo a-mhàin a dh'fhaodas Crìochan na h-Alba a thoirt fa-near nuair a nì iad molaidhean sam bith.

A bharrachd air a bhith feuchainn ri àireamh an luchd-taghaidh anns gach roinn-phàrlamaid / sgìre-phàrlamaid a chothromachadh, feumaidh Crìochan na h-Alba cuideachd smaoinichadh air crìochan riaghaltais ionadail (Riaghailt 1), beachdan sònraichte a thaobh cruinn-eòlas (Riaghailt 3), agus ceanglaichean ionadail agus mì-chofhurtachd sam bith a thigeadh bho atharrachaidhean air na crìochan a th' ann an-dràsta (Riaghailt 4). Tha Riaghailt 3 a' ceadachadh do Chrìochan na h-Alba beachdan sònraichte a thaobh cruinn-eòlas aithneachadh agus a bhith a' falbh bhon chuota-taghaidh ann an sgìrean anns a bheil, mar eisimpleir, sluagh sgapte no droch cheanglaichean còmhdaidh thar na roinne-pàrlamaid. Mar as trice, buinidh seo dha na roinnean-pàrlamaid a tha fo dhìon.

	<p>A bharrachd air na trì roinnean-pàrlamaid eileanach a tha fo dhìon, cha dèan am frèam-obrach reachdail eadar-dhealachadh sam bith eadar coimhearsnachdan eileanach agus pàirtean eile de dh'Alba.</p> <p>Chan eil luchd-ùidhe againn san t-seagh fhoirmeil, ach gheibhear mion-fhiosrachadh gu h-ìosal air mar a nì sinn conaltradh ris a' phoball agus ri ùghdarrasan ionadail.</p>
--	---

## CEUM A TRÌ – CO-CHOMHAIRLEACHADH

<ul style="list-style-type: none"> <li>• A bheil fiosrachadh sam bith ann a chaidh a chruinneachadh mar-thà tro chom-pàirtichean san àm a dh'fhalbh?</li> <li>• Ciamar a choileanas sibh an co-chomhairleachadh agaibh agus dè an clàr-ama air a shon? Coinneamhan poblach/Ùghdarrasan Ionadail/Prìomh Luchd-ùidhe</li> <li>• Dè na ceistean a chuireas sibh nuair a smaoinicheas sibh air an dòigh anns am bruidhinn sibh mu na dùbhlain air na h-eileanan?</li> <li>• Tachartasan co-chomhairleachaidh fa-leth do choimhearsnachdan Eileanach/do dh'Ùghdarrasan Ionadail?</li> </ul>	<p>Mar a th' air a mhìneachadh ann an Achd na h-Alba 1998, feumaidh Crìochan na h-Alba co-chomhairleachaidhean a chumail aig diofar ìrean dhen ath-sgrùdadh agus, ann an cuid a shuidheachaidhean, rannsachadh ionadail a dhèanamh. Thèid cinn-latha tòiseachaidh nan greisean co-chomhairleachaidh a shanasachadh ann an clò, air an làrach-lìn againn, tro bhrathan-naidheachd, tro choinneamhan naidheachd agus tro sgaoileadh lethbhreacan cruaidh de stuth ath-sgrùdaidh gu làraichean poblach ann an sgìrean comhairle. Thèid an stuth air fad fhoillseachadh air-loidhne cuideachd agus gabhaidh freagairtean co-chomhairleachaidh a chur a-steach tro phortal co-chomhairleachaidh air-loidhne.</p> <p>Rinn Crìochan na h-Alba còig cuairtean co-chomhairleachaidh a thaobh roinnean-pàrlamaid a thathar a' moladh agus trì cuairtean co-chomhairleachaidh a thaobh sgìrean a thathar a' moladh. Tha na h-aon chothroman aig buill de choimhearsnachdan eileanach ri buill dhen phoball ann am pàirtean eile de dh'Alba airson na beachdan aca a thoirt seachad air gach ìre dhen mholadh.</p>
--	--

## CEUM A CEITHIR - MEASADH

<ul style="list-style-type: none"><li>• A bheil am measadh agaibh ag aithneachadh bhuidhean sònraichte sam bith air coimhearsnachdan eileanach? (Tuilleadh mion-fhiosrachaidh san Stiùireadh):<ul style="list-style-type: none"><li>– Deamografach</li><li>– Eaconamach</li><li>– Gàidhlig</li><li>– Sòisealta</li></ul></li><li>• A bheil am measadh agaibh ag aithneachadh chnapan-starra no bhuidhean nas fharsainghe sam bith a dh'fhaodadh a nochdadh?</li><li>• A bheil lasachaidhean an sàs mar-thà airson nam buaidhean seo a chaidh a thogail?</li></ul>	<p>Feumaidh an Coimisean cumail ri reachdas a riaghlas an t-ath-sgrùdadh nuair a stèidhicheas e crìochan nan roinnean-pàrlamaid, ach tha beagan roghainn ann nuair a thig e gu beachdan sònraichte a thaobh cruinn-eòlas (Riaghailt 3) agus ceanglaichean ionadail (Riaghailt 4). Nuair a bha iad a' beachdachadh air na molaidhean a dhèanadh iad airson nan trì roinnean-pàrlamaid anns a bheil coimhearsnachdan eileanach, dh'aithnich Crìochan na h-Alba na dùbhlain shònraichte a tha ro mhòran dhe na coimhearsnachdan eileanach, nam measg droch cheanglaichean còmhdaidh, libhrigeadh slaodach de phost agus factaran eile a bheir buaidh air ruigsinneachd. Chaidh beachdachadh air na factaran seo a thaobh nan roinnean-pàrlamaid a leanas, 's coimhearsnachdan eileanach a tha annta uile: An t-Eilean Sgitheanach, Loch Abar agus Bàideanach; Earra-Ghàidheal agus Bòd; agus Coineagan a Tuath.</p> <p>A thaobh sgìrean, tha an reachdas a' ceadachadh dhan Choimisean beachdan sònraichte a thaobh cruinn-eòlas a thoirt fa-near (Riaghailt 2) ma thogras e. Nuair a chruthaich iad na Molaidhean Sealach do sgìrean, dh'aithnich Crìochan na h-Alba na beachdan sònraichte a thaobh cruinn-eòlas a tha ann an sgìre na Gàidhealtachd agus nan Eilean, far a bheil an àireamh de luchd-taghadh gu math nas ìsle na ann an sgìrean eile ged a tha meud na sgìre a thaobh cruinn-eòlas fìor mhòr. Anns a' Mholadh Dheireannach airson na Gàidhealtachd agus nan Eilean, thèid sgìre a chruthachadh a tha 32% nas ìsle na an àireamh chuibheasach de luchd-taghadh ann an sgìrean eile.</p>
---	--

## A bheil Measadh Buaidh slàn a dhìth airson Coimhearsnachdan Eileanach?

Bu chòir dhuibh co-dhùnadh a-nis a bheil e coltach – nur beachd-se – gun toir am poileasaidh, an ro-innleachd no an t-seirbheis agaibh buaidh air coimhearsnachd eileanach a bhios gu math eadar-dhealaichte bhon bhuidh air coimhearsnachdan eile (coimhearsnachdan eileanach eile nam measg). Gus ur beachd a chruthachadh, bu chòir dhuibh beachdachadh air na ceistean a leanas:

<ul style="list-style-type: none"><li>• A bheil lasachaidhean an sàs mar-thà airson nam buaidhean a chaidh aithneachadh agus a chomharrachadh gu h-àrd às dèidh cho-chomhairleachaidhean le luchd-ùidhe agus coimhearsnachdan? (Mur a h-eil barrachd ghnìomhan MBCE a dhìth, lìonaibh an earrann gu h-ìosal agus foillsichibh an sgrìobhainn).</li><li>• A bheil an fhianais a' sealltainn gu bheil suidheachaidhean eadar-dhealaichte, no dùilean no feumalachdan eadar-dhealaichte, no toraidhean no seòrsaichean eòlais eadar-dhealaichte ann (leithid ìrean riarachaidh, no ìrean com-pàirteachaidh eadar-dhealaichte)?</li><li>• A bheil e coltach gun tig na buaidhean eadar-dhealaichte seo gu bith?</li><li>• A bheil na buaidhean seo gu math eadar-dhealaichte?</li><li>• A bheil cothrom ann gun adhbhraich a' bhuidh seo ana-cothrom do choimhearsnachd eileanach an taca ris an tìr-mhòr, no eadar buidhnean eileanach?</li></ul>	<p>Nuair a bha iad a' co-dhùnadh am biodh Measadh Buaidh slàn a dhìth airson Coimhearsnachdan Eileanach, thug Crìochan na h-Alba fa-near an robh coltas ann gun toireadh an t-ath-sgrùdadh buaidh air coimhearsnachd eileanach a bhiodh gu math eadar-dhealaichte bhon bhuidh aige air coimhearsnachdan eile (coimhearsnachdan eileanach eile nam measg).</p> <p>Tha nàdar sònraichte nan trì roinnean-pàrlamaid Na h-Eileanan an Iar, Eileanan Arcaibh agus Eileanan Shealtainn air aithneachadh agus air a dhìon ann an reachdas. Cha dèan am frèam-obrach reachdail eadar-dhealachadh sam bith eadar na h-eileanan eile agus pàirtean eile de dh'Alba.</p> <p>Tha an Coimisean ag aithneachadh gu bheil feartan sònraichte gu h-àraid aig coimhearsnachdan eileanach taobh a-muigh nan trì roinnean-pàrlamaid a tha fo dhìon reachdail, 's àireamhan sluaigh ìosal agus cothroman cuibhrichte air ceanglaichean còmhdaile am measg nam factaran buntainneach ann an coimhearsnachdan eileanach.</p> <p>Tha an reachdas ag iarraidh air a' Choimisean smaoinichadh air crìochan riaghaltais ionadail (Riaghailt 1), air a' chuota-taghadh (Riaghailt 2), beachdan sònraichte a thaobh cruinn-eòlas (Riaghailt 3) agus ceanglaichean ionadail (Riaghailt 4) nuair a stèidhicheas e roinnean-pàrlamaid. A thaobh sgìrean, tha an reachdas a' ceadachadh dhan Choimisean beachdan sònraichte a thaobh cruinn-eòlas a thoirt fa-</p>
--	--

- Mas e 'chan eil' an fhreagairt a thug sibh dha na ceistean gu h-àrd, lionaibh am bogsa gu h-ìosal.
- Mas e 'tha' an fhreagairt, feumaidh sibh MBCE ullachadh agus bu chòir dhuibh a dhol gu Ceum 5.

near nuair a stèidhicheas e crìochan (Riaghailt 2). Tro bhith ag obair a rèir nan riaghailtean a th' air am mìneachadh san reachdas, dh'aithnich an Coimisean gum faodadh cur air bhonn chrìochan buaidh a thoirt air coimhearsnachdan eileanach ann an dòigh gu math eadar-dhealaichte bhon tìr-mhòr (agus is dòcha bho choimhearsnachdan eileanach eile), agus chaidh aontachadh gum biodh Measadh Buaidh slàn a dhìth airson Coimhearsnachdan Eileanach.

## CEUM A CÒIG – MAR A DH’ULLAICHEAS SIBH AN MBCE AGAIBH

Ann an Ceum a Còig, bu chòir dhuibh buaidh a’ phoileasaidh, na ro-innleachd no na seirbheis, ’s i dualtach a bhith gu math eadar-dhealaichte, a mhìneachadh sa bhogsa gu h-ìosal.

<p>Nach dèan sibh measadh air dè cho fad - nur beachd-se - 's a ghabhas am poileasaidh, an ro-innleachd no an t-seirbheis a leasachadh no a libhrigeadh ann an dòigh 's gun toir e piseach no lasachadh air na toraidhean a thig às/aiste do choimhearsnachdan eileanach.</p> <p>Nach beachdaich sibh air dòighean libhrigidh eile agus ma tha tuilleadh co-chomhairleachaidh a dhìth.</p> <p>Nach mìnich sibh mar a bheir na dòighean libhrigidh eile seo piseach no lasachadh air toraidhean do choimhearsnachdan eileanach.</p> <p>Nach comharraich sibh goireasan a tha a dhìth gus piseach no lasachadh a thoirt air toraidhean do Choimhearsnachdan eileanach.</p>	<p>Tha e coltach gun toir molaidhean sam bith a thaobh crìochan nan roinnean-pàrlamaid no nan sgìrean-pàrlamaid buaidh eadar-dhealaichte air coimhearsnachdan eileanach air sgàth meud, iomallachd agus droch cheanglaichean còmhdaidh. Chaidh na puingeann seo a thogail anns na co-chomhairleachaidhean poblach air na molaidhean a thaobh roinnean-pàrlamaid agus sgìrean-pàrlamaid.</p> <p>Feumaidh Crìochan na h-Alba cumail ris an reachdas agus cha ghabh beachdachadh air dòigh-libhrigidh eile. 'S ann a bheachdaich Crìochan na h-Alba air na freagairtean co-chomhairleachaidh a tha sònraichte dha na dùbhlain anns na h-Eileanan, 's iad a' ròghnachadh beachdan sònraichte a thaobh cruinn-eòlas a chur an sàs (Riaghailt 3 de riaghailtean nan roinnean-pàrlamaid agus Riaghailt 2 de riaghailtean nan sgìrean-pàrlamaid) ann an cuid a roinnean-pàrlamaid (Earra-Ghàidheal agus Bòd; An t-Eilean Sgitheanach, Loch Abar agus Bàideanach) agus ann an sgìre na Gàidhealtachd agus nan Eilean.</p> <p>Tha na riaghailtean co-chomhairleachaidh air am mìneachadh ann an reachdas agus chaidh co-chomhairleachadh a chumail ri Coimhearsnachdan eileanach air na Molaidhean Sealach, Ath-Sgrùdaichte agus a Bharrachd a thaobh roinnean-pàrlamaid agus na Molaidhean Sealach agus Ath-Sgrùdaichte a thaobh sgìrean-pàrlamaid.</p>
--	--

## CEUM A SIA – A’ DÈANAMH ATHARRACHAIDHEAN AIR UR CUID OBRACH

<ul style="list-style-type: none"><li>• Am bu chòir dòighean lìbhrigidh / lasachaidhean a bhith eadar-dhealaichte ann an diofar choimhearsnachdan eileanach?</li><li>• Am feum sibh tilleadh chun na feadhainn a ghabh pàirt anns na co-chomhairleachaidhean a thaobh nan dòighean no lasachaidhean sin?</li><li>• An deach beachdachadh air suidheachaidhean eileanach anns a’ phròiseas mheasaidh?</li><li>• An deach comharran / targaidean sam bith a tha sònraichte dha na h-eileanan aithneachadh, ’s feum ann sùil a chumail orra?</li><li>• Ciamar a thèid toraidhean a thomhas air na h-eileanan?</li><li>• Ciamar a tha am poileasaidh, an ro-innleachd no an t-seirbheis air buaidh a thoirt air coimhearsnachdan eileanach?</li><li>• Ciamar a thèid na dh’ionnsaich sibh san MBCE seo a chleachdadh ann an cruthachadh poileasaidhean agus lìbhrigeadh sheirbheisean san àm ri teachd?</li></ul>	<p>Mar a chaidh a chomharrachadh gu h-àrd, tha beagan roghainn an lùib an reachdais a riaghlas àrd-sgrùdadh Crìochan na h-Alba. A thaobh roinnean-pàrlamaid, bheir Riaghailt 3 roghainn dhan Choimisean beachdan sònraichte a thaobh cruinn-eòlas a thoirt fa-near (nam measg meud, cruth agus ruigsinneachd na roinne-pàrlamaid no na sgìre-pàrlamaid gu h-àraid), agus tro Riaghailt 4, faodar beachdachadh air ceanglaichean ionadail agus mì-chofhurtachd eile a thigeadh bho atharrachaidhean air roinnean-pàrlamaid.</p> <p>Sheall freagairtean co-chomhairleachaidh a thaobh nam Moladh Sealach, Ath-Sgrùdaichte agus Deireannach dha na roinnean-pàrlamaid taobh a-staigh sgìre Comhairle na Gàidhealtachd gur e sgìre chruinn-eòlasach mhòr a th’ innte, ’s droch cheanglaichean còmhdaile ann a chuireas dùbhlain ro BhPA àitichean a ruigsinn. A rèir moladh eile, bu chòir ceathrar BhPA a bhith aig sgìre na Gàidhealtachd air sgàth nan dùbhlain cruinn-eòlasach an lùib roinnean-pàrlamaid a tha cho mòr.</p> <p>Ann am freagairt a thaobh roinn-phàrlamaid An Eilein Sgitheanaich, Loch Abair agus Bhàideanach, bhathar a’ moladh roinn-phàrlamaid dhan Eilean Sgitheanach, agus ann am freagairt eile, bhathar a’ moladh roinn-phàrlamaid dhan Eilean Sgitheanach agus dha na h-Eileanan Tarsainn air fad (Canaigh, Eige, Eilean nam Muc, agus Rùm).</p> <p>Ann am freagairtean co-chomhairleachaidh a thaobh an dà chuid nam Moladh Sealach agus nam Moladh Ath-sgrùdaichte do roinn-phàrlamaid Earra-Ghàidheil agus Bhòid, chaidh iomradh a thoirt air dùbhlain an lùib a’ chruinn-eòlais agus na dùbhlain phractaigeach a tha ro BhPA le ruigsinneachd chuibhrichte. Mhol ball dhen phoball roinn-phàrlamaid dha na</p>
---	---

h-eileanan, agus mhol cuid eile roinnean-pàrlamaid nas lugha do choimhearsnachdan dùthchail.

Ann am freagairtean co-chomhairleachaidh a thaobh roinn-phàrlamaid Choineagain a Tuath, bhathar a' moladh nach robh Arainn a' buntainn do Shiorrachd Àir no do roinn-phàrlamaid Choineagain a Tuath, ach cha deach beachd eile a chur air adhart.

Nuair a chaidh co-chomhairleachadh a chumail air na Molaidhean Sealach agus Ath-sgrùdaichte do sgìrean, chaidh draghan a thogail ann an cuid a fhreagairtean co-chomhairleachaidh mu na raointean fìor mhòr a chòmhdachadh an dà chuid sgìre na Gàidhealtachd agus nan Eilean, agus sgìre Alba an Iar, a thathar a' moladh.

Chaidh a h-uile freagairt cho-chomhairleachaidh air na molaidhean a thaobh roinnean-pàrlamaid agus sgìrean-pàrlamaid a thoirt fa-near leis a' Choimisean mus deach na Molaidhean Deireannach aontachadh. Feumaidh Crìochan na h-Alba na riatanasan an lùib riaghailtean an ath-sgrùdadh a chothromachadh, agus cha robh e comasach cuid a bheachdan a thaobh choimhearsnachdan eileanach a chur an sàs, leis nach do choilean iad na riatanasan reachdail.



Chaidh beachdan sònraichte a thaobh cruinn-eòlas a chur an sàs ann an roinn-phàrlamaid Earra-Ghàidheil agus Bhòid (Molaidhean Deireannach: gun atharrachadh, 's cuota-taghadh de -17.2% ann) agus roinn-phàrlamaid an Eilein Sgitheanaich, Loch Abair agus Bhàideanach (cuota-taghadh de +12% air aontachadh air sgàth na cudromachd ceanglaichean ionadail a chumail suas). Dh'aithnich Crìochan na h-Alba cuideachd gu bheil roinn-phàrlamaid Choineagain a Tuath a' toirt a-steach eileanan far a bheil daoine a' fuireach – eileanan Arainn agus Chumaraidh, agus an t-Eilean Àrd – ach cha deach atharrachaidhean sam bith air an roinn-phàrlamaid seo a mholadh.

Nuair a bha iad a' cruthachadh nam Moladh Sealach do sgìrean, ròghnaich Crìochan na h-Alba beachdan sònraichte a thaobh cruinn-eòlas a thoirt fa-near ann an sgìre na Gàidhealtachd agus nan Eilean. Tha na Molaidhean Deireannach a thaobh na Gàidhealtachd agus nan Eilean a' cur air adhart sgìre a tha 32% nas ìsle na an àireamh chuibheasach de luchd-taghaidh, 's iad ag aithneachadh meud fìor mhòr an raoin agus na dùbhlain shònraichte a tha ro choimhearsnachdan eileanach.

Tha Crìochan na h-Alba air beachdachadh air nàdar sònraichte nan coimhearsnachdan eileanach aig gach ìre a' phròiseis ath-sgrùdaidh. Aon uair 's gun tèid na Molaidhean Deireannach a dhèanamh, thèid tuilleadh deasbaid a chumail air nàdar sònraichte nan coimhearsnachdan eileanach nuair a thèid beachdachadh air na dh'ionnsaich sinn bhon phròiseas ath-sgrùdaidh.

## CEUM A SEACHD – MAR A DH’FHOILLSICHEAS SIBH AN MBCE AGAIBH

<ul style="list-style-type: none"> <li>• A bheil feum ann an MBCE agaibh a thoirt seachad ann an Gàidhlig no cànan sam bith eile?</li> <li>• Càite am foillsich sibh an MBCE agaibh agus am faigh luchd-ùidhe buntainneach lorg air gu furasta?</li> <li>• Dè an ìre aig am bu chòir an fheadhainn a shoidhnicheas e a bhith?</li> </ul>	<p>Thèid an MBCE fhoillseachadh aig deireadh an ath-sgrùdaidh leis gur e ‘sgrìobhainn bheò’ a chanar ris tron ath-sgrùdadh fhèin, agus thèid a chrìochnachadh nuair a nithear na molaidhean deireannach. Chan eil riatanas ann gun tèid fhoillseachadh ann an Gàidhlig no cànan sam bith eile ach dh’aontaich an Coimisean gum bu chòirear fhoillseachadh ann an Gàidhlig.</p> <p>Bu chòir an dà chuid an Rùnaire agus an Cathraiche an sgrìobhainn seo a shoidhneadh.</p>
--	--

MBCE air a chrìochnachadh le (ainm)	Kirsty Mavor
Dreuchd	Rùnaire do Chrìochan na h-Alba
Ainm-sgrìobhte agus ceann-latha	 <p style="text-align: right;">09/04/2025</p>
MBCE air a cheadachadh le (tha sinn a’ moladh ìre an Leas-stiùiriche)	An t-Ollamh Ailsa Henderson
Dreuchd	Cathraiche, Crìochan na h-Alba
Ainm-sgrìobhte agus ceann-latha	 <p style="text-align: right;">09/04/2025</p>

